



**CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

# **GNÌOMHAN IS CO-DHÙNAIDHEAN COIMISEAN NA CROITEARACHD:**

## **SGEAMA TIOMNAIDH**

ÙRAICHTE SA CHÈITEAN 2022

## Clàr-innse

RO-RÀDH .....	1
MAR A THA AN SGEAMA TIOMNAIDH AG OBAIR .....	1
SREATH A H-AON .....	1
SREATH A DHÀ.....	2
SREATH A TRÌ.....	2
TAGRAIDHEAN RIAGHLAIDH DÉANTE LE COIMISEAN AIR NO BALL DEN LUCHD- OBRACH.....	3
GNÌOMHAN IS CO-DHÙNAIDHEAN A TH' ANNS AN SGEAMA TIOMNAIDH.....	4 & 5
GNÌOMHAN IS CO-DHÙNAIDHEAN NACH EIL ANNS AN SGEAMA TIOMNAIDH	6
SGRÌOBHAINNEAN IS SOIDHNICHEAN ÙGHDARRAICHTE .....	7 & 8

## RO-RÀDH

Suas gu an Dàmhair 2015, bha na co-dhùnaidhean uile air tagraidhean riaghlaidh dèante le Coimiseanairean; le aon Choimiseanair, le Buidheann Sgrùdadh-cùise de thriùir Choimiseanairean no leis an làn Bhòrd, an ìre cho-dhùnaidhean ga dearbhadh le Ionnsramaid Tiomnaidh a' Choimisein.

Bhon t-Samhain 2015, chaidh prògram sgaoilte de cho-dhùnadh tiomnaichte a thoirt a-steach gus a dhèanamh comasach do Choimiseanairean cuimseachadh air na cùisean sin a tha co-cheangailte ri ceannardas ro-innleachdail na buidhne.

Tha an comas air buannachdan don mhodh-obrach sin mar a leanas:

- Saoradh ùine chuibhrichte a' Choimiseanair.
- Co-dhùnaidhean dèante nas luaithe.
- Co-dhùnaidhean nas cunbhalaiche tarsainn na buidhne.
- Co-dhùnaidhean a' faotainn taic nas làidire.
- Luchd-obrach air an cumhachdachadh.

Is e an dòigh sa bheil e ag obair, gu bheil na paramadairean do gach gnìomh aontaichte le Bòrd nan Coimiseanairean, agus ma tha cùis a' freagairt taobh a-staigh nam paramadairean, gabhaidh e a làimhseachadh le oifigich.

An toiseach, bha 8 gnìomhan agus co-dhùnaidhean air an gabhail a-steach don Sgeama Tiomnaidh, ach thar nan sia bliadhna mu dheireadh tha seo air a leudachadh gu a' mhòr-chuid de ghnìomhan is cho-dhùnaidhean mar a tha mìnichichte ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993.

## MAR A THA AN SGEAMA TIOMNAIDH AG OBAIR

Tha 3 sreathan de dhèanamh cho-dhùnaidhean taobh a-staigh a' Choimisein.

### SREATH A H-AON

#### Cò bhios a' dèanamh a' cho-dhùnaidh aig Sreath a h-Aon?

- An t-Oifigear Cùise Sgìreil.

#### Dè an co-dhùnadh a ghabhas a dhèanamh aig Sreath a h-Aon?

- Tagraidhean aontachadh a tha a' gèilleadh do na paramadairean a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd a thaobh a' ghnìomha riaghlaidh bhuntainnich.

#### Cuin a tha co-dhùnaidhean dèante (san fharsaingeachd)?

- Air bunait làitheil.

**N.B. Ma tha aon no barrachd de na paramadairean air am briseadh, feumar a' chùis a chur gu Sreath a Dhà.**



## SREATH A DHÀ

### Cò bhios a' dèanamh a' cho-dhùnaidh aig Sreath a Dhà?

- Buidheann Sgrùdaidh-cùise anns a bheil gu h-àbhaisteach an Ceannard Taic Riaghlaidh, am Manaidsear Taic Riaghlaidh agus an t-Oifigear Cùise B1.

### Dè an co-dhùnadh a ghabhas a dhèanamh aig Sreath a Dhà?

- Tagraidhean aontachadh, a chùmhnantachadh no atharrachadh an dèidh beachdachadh air na paramadairean a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd a thaobh a' ghnìomha riaghlaidh bhuntainnich.
- Tagraidhean a dhiùltadh a tha gu follaiseach an aghaidh Poileasaidh a' Choimisein mar a chaidh aontachadh leis na Coimiseanairean, agus gun fhianais làidir sam bith gum bu chòir am poileasaidh a chur an gnìomh.
- Cùisean adhartachadh gu Sreath a Trì.

### Cuin a tha co-dhùnaidhean dèante (san fharsaingeachd)?

- Air bunait seachdaineach.

## SREATH A TRÌ

### Cò bhios a' dèanamh a' cho-dhùnaidh aig Sreath a Trì?

Buidheann Sgrùdaidh-cùise sa bheil 3 Coimiseanairean, le taic bho Neach-lagha a' Choimisein, an Ceannard Taic Riaghlaidh, am Manaidsear Taic Riaghlaidh agus an t-Oifigear Cùise B1.

### Dè an co-dhùnadh a ghabhas a dhèanamh aig Sreath a Trì?

- Tagraidhean aontachadh, a chùmhnantachadh no atharrachadh an dèidh beachdachadh air na paramadairean a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd a thaobh a' ghnìomha riaghlaidh bhuntainnich.
- Tagraidhean a dhiùltadh
- Cùisean adhartachadh gu làn Bhòrd nan Coimiseanairean.

### Cuin a tha co-dhùnaidhean dèante (san fharsaingeachd)?

- Air bunait mhìosail.

**N.B. Chan eil ùghdarras tiomnaichte ach aig Sreath a Dhà no Sreath a Trì air tagradh a dhiùltadh.**

## **TAGRAIDHEAN RIAGHLAIDH DÈANTE LE COIMISEANAIR NO BALL DEN LUCHD-OBACH**

Faodaidh tagradh sam bith air a chur a-steach bho Choimiseanair no ball den luchd-obrach, a tha a' gèilleadh do na paramadairean uile airson tiomnadh, mar a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd, **a bhith air aontachadh aig Sreath a h-Aon (Oifigear Sgrùdadh-cùise).**

Bidh tagradh riaghlaidh sam bith air a chur a-steach le Coimiseanair no ball den luchd-obrach, nach eil a' gèilleadh do aon no barrachd pharamadairean tiomnadh mar a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd, **air adhartachadh gu an làn Bhòrd airson beachdachadh ann an seisean dùinte.**



## **GNÌOMHAN AGUS CO-DHÙNAIDHEAN A THA AIR AN GABHAIL A-STEACH ANNS AN SGEAMA TIOMNAIDH**

*Faodaidh co-dhùnaidhean a thaobh nan gnìomhan sin a bhith dèante aig aon sam bith de na 3 Sreathan (a rèir beachdachaidh air na paramadairean aontaichte) no a bhith air an adhartachadh gu an làn Bhòrd de Choimiseanairean.*

Tha na gnìomhan agus co-dhùnaidhean a leanas air an gabhail a-steach don Sgeama Tiomnaidh:

- Co-shuidheachadh fearann neo-chroite mar chroit ùr (Earrann 3A).
- Co-shuidheachadh fearann neo-chroite mar fhearann ionaltraidh ùr (Earrann 51A).
- Meudachadh Croitean (Earrann 4).
- Iomlaid air croitean no pàirt de chroitean (Earrann 4A).
- Sònrachadh (Earrann 8).
- Roinn air croit le neach-gabhail (Earrann 9).
- Roinn air croit le neach-cùraim tiomnaidh gus 2 chroit no barrachd a chruthachadh (Earrannan 9 is 10).
- Roinn air croit le sealbhadair croite (Earrann 19D).
- Fios a fhrithealadh a thaobh gabhaltas a chrìochnachadh mar thoradh air fàillingeadh ann an leantainneachd reachdail (Earrann 11(4) gu 11(8)).
- Cead a' Choimisein a thaobh às-làthaireachd bhon chroit (Earrann 21B).
- Leudachadh cead às-làthaireachd bhon chroit (Earrann 21C).
- Atharrachadh air cùmhnant airson às-làthaireachd bhon chroit (Earrann 21D).
- Às-mhàladh air croit falamh le uachdaran (Earrann 23(3)).
- Molaidhean às-mhàlaidh le uachdaran (Earrann 23(5)).
- Molaidhean às-mhàlaidh le croitear seilbhe (Earrann 26(J)).
- Às-mhàladh geàrr-amail le croitearan seilbhe (Earrann 29).
- Às-mhàladh air croit seilbhe (seach gabhail goirid) le croitear seilbhe (Earrann 29A).
- Di-chroiteadh làrach taighe agus fearann gàrraidh le uachdaran no neach-gabhail (Earrann 24).
- Di-chroiteadh croit slàn no pàirt-croite le uachdaran no neach-gabhail (Earrann 24).
- Di-chroiteadh làrach taighe agus fearann gàrraidh le croitear seilbhe (Earrann 24A).
- Di-chroiteadh croit slàn no pàirt-croite le croitear seilbhe (Earrann 24A).
- Di-chroiteadh làrach taighe agus fearann gàrraidh ann am fiù a chaidh a cheadachadh fo Earrann 17 no 18 (Earrann 24).
- Co-dhùnadh a bheil briseadh dleastanais a chaidh aithris, dìomhain no draghail (Earrann 26A(5)).
- Co-dhùnadh am bu chòir fios a fhrithealadh, ga dhèanamh soilleir don croitear gu bheil an Coimisean den bheachd nach eil dleastanas ga choileanadh (Earrann 26C(1)).



- Co-dhùnadh a bheil dleastanas ga choileanadh, an dèidh cothrom a thoirt don chroitear riochdachaidhean a dhèanamh (Earrann 26C(5)).
- Co-dhùnadh am bu chòir gabhail ri gealltanais bhon chroitear air fuasgladh fhaighinn air a' bhriseadh (Earrann 26D(4)).
- Co-dhùnadh am bu chòir croit a roinn mus gabhar ceumannan air crìoch a chur air gabhaltas croite no molaidhean às-mhàlaidh a shireadh bho chroitear seilbhe (Earrann 26G).
- Modh-obrach Crìoch Gabhaltais (Earrann 26H).
- Croitear seilbhe: sireadh modh-obrach às-mhàlaidh croite (Earrann 26J).
- Fo-mhàladh (Earrann 27).
- Co-dhùnadh am bu chòir òrdugh a riarachadh, a' ceadachadh do neach fo-gabhail fuireach air a' chroit suas ri 1 bhliadhna an dèidh crìoch air an fho-mhàlaidh (Earrann 29(3)).
- Dearbhadh, dèanamh no atharrachadh riaghailtean ionaltraidh (Earrann 49(7)).
- Cleachdadh fearann ionaltraidh airson adhbharan coilltearachd (Earrann 50).
- Cleachdadh fearann ionaltraidh airson adhbharan eile (Earrann 50B)
- Roinneadh (Earrann 52(4)).
- Ath-sgrùdadh roinneadh (Earrann 52)(12).
- Dèiligeadh ri gearanan bho dhaoine fa leth aig nach eil ùidh bhuntainneach ann an tagradh, ann am beachd a' Choimisein (Earrann 58A(4)(d)).
- Dèiligeadh ri Gearanan Fadalach (Earrann 58A(5A)).

## **GNÌOMHAN AGUS CO-DHÙNAIDHEAN A THA AIR AN TOIRMEASG BHON SGEAMA TIOMNAIDH**

*Cha ghabh co-dhùnaidhean a thaobh nan gnìomhan sin a bhith dèante ach le Sreath 3 no le làn Bhòrd a' Choimisein.*

**Tha na gnìomhan agus co-chùnaidhean a leanas saor bhon Sgeama Tiomnaidh. Feumaidh na co-dhùnaidhean sin a bhith dèante le Bòrd Coimisean na Croitearachd.**

- Gearanan a thaobh Briseadh air cùmhnantan reachdail croiteir (Earrann 5A).
- Sgeamaichean airson leasachadh (Earrann 19A).
- Sgeamaichean Ath-eagrachaidh (Earrann 38).
- Dearbhadh a bheil cuid de bhuill no buill uile de chomataidh ionaltraidh (no an clàrc ionaltraidh) a' coileanadh nan dleastanasan san dòigh cheart, a chaidh a bhuileachadh orra le Achd 1993 (Earrann 47(8)).
- Dearbhadh a bheil neach air riaghailtean fearann ionaltraidh a bhriseadh no fàillingeadh air gèilleadh dhaibh (Earrann 52(1C)).
- Am bu chòir roinn neach ann am fearann ionaltraidh a chasg, a' leantainn air dearbhadh gu bheil iad air riaghailtean fearann ionaltraidh a bhriseadh no fàillingeadh air gèilleadh dhaibh (Earrann 52(1D)).
- Am bu chòir roinn neach ann am fearann ionaltraidh a chrìochnachadh, a' leantainn air dearbhadh gu bheil iad air riaghailtean fearann ionaltraidh a bhriseadh no fàillingeadh air gèilleadh dhaibh (Earrann 52(1E)).
- Solaran uachdranas laghail i.e. iomradh a dhèanamh gu Cùirt an Fhearainn airson dearbhadh air ceist a thaobh fìrinn no lagh (Earrann 53).



## SGRÌOBHAINNEAN IS SOIDHNICHEAN ÙGHDARRAICHTE

### STIÙIRIDHEAN IS ÒRDUGHAN A THA OIFIGICH ÙGHDARRAICHTE AIRSON SOIDHNIGEADH

Tha an clàr gu h-ìosal a' mìneachadh nan stiùiridhean is òrdughan agus na soidhnichean ùghdarrachta a tha air am moladh:

<b>Reachd: Achd nan Croitearan (Alba) 1993</b>	<b>Tuairisgeul an Stiùiridh no an Òrduigh</b>	<b>Tìotal nan oifigearan / ire ùghdarras an t-soidhniche</b>
Earrann 24(3)	Stiùireadh:  Di-chroiteadh làrach taighe agus fearann gàrraidh le uachdaran no neach-gabhail.	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Manaidsear ire B2 anns an Sgioba Taic Riaghlaidh
Earrann 24(3)	Stiùireadh:  Di-chroiteadh croit slàn no pàirt-croite le uachdaran no neach-gabhail.	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Manaidsear ire B2 anns an Sgioba Taic Riaghlaidh
Earrann 24(3)	Stiùireadh:  Di-chroiteadh làrach taighe agus fearann gàrraidh ann am fiù a chaidh a cheadachadh fo Earrann 17 no 18.	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Manaidsear ire B2 anns an Sgioba Taic Riaghlaidh
Earrann 24B(1)	Stiùireadh:  Di-chroiteadh làrach taighe agus fearann gàrraidh le croitear seilbhe.	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Manaidsear ire B2 anns an Sgioba Taic Riaghlaidh
Earrann 24B(1)	Stiùireadh:  Di-chroiteadh croit slàn no pàirt-croite le croitear seilbhe.	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Manaidsear ire B2 anns an Sgioba Taic Riaghlaidh
Earrann 25(3)	Stiùireadh:  Ath-chroiteadh fearann a' leantainn air briseadh sna cùmhnantan.	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Manaidsear ire B2 anns an Sgioba Taic Riaghlaidh
Earrann 26H(1)	Òrdugh:  Crìochnachadh gabhaltas croite.	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Manaidsear Sgioba Taigheadais is Cleachdadh Fearainn

<b>Reachd: Achd nan Croitearan (Alba) 1993</b>	<b>Tuairisgeul an Stiùiridh no an Òrduigh</b>	<b>Tìotal nan oifigearan / ìre ùghdarrais an t-soidhniche</b>
Earrann 26J(1)	Stiùireadh:  Sireadh mhòlaidhean airson croit seilbhe às-mhàladh.	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Manaidsear Sgioba Taigheadais is Cleachdadh Fearainn
Earrann 38(8)	Òrdugh:  Ullachadh Sgeama airson ath-eagrachadh air baile-fearainn.	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Ceannard Poileasaidh
Earrann 47(8)	Òrdugh:  Cur às clàrc no buill de chomataidh ionaltraidh.	Àrd-Oifigear  Ceannard Poileasaidh  Ceannard Taic Riaghlaidh
Earrann 49(7)	Òrdugh:  Dearbhadh, dèanamh no atharrachadh riaghailtean ionaltraidh.	Àrd-Oifigear  Ceannard Poileasaidh  Manaidsear Ionaltraidh
Earrann 52(1E)	Òrdugh:  Crìochnachadh roinn neach ann am fearann ionaltraidh.	Àrd-Oifigear  Ceannard Poileasaidh  Ceannard Taic Riaghlaidh
Earrann 52(4)	Òrdugh:  Roinneadh	Àrd-Oifigear  Ceannard Taic Riaghlaidh  Manaidsear ìre B2 anns an Sgioba Taic Riaghlaidh

